

## Leis an Iurgainn

Sèist

Leis an Iurgainn o hì  
Leis an Iurgainn o hò  
Beul an anmoich o hì  
'S fheudar falbh  
le cuid seòl.

Rann 1

An Cuan Eirinn o hì  
Muir ag èirigh o hò  
'S cha bu lèir  
dhuinn o hì  
Nì fon ghrèin  
ach na neòil.

Sèist

Rann 2

Seachad Ìle o hì  
Beul na h-oidhche o hò  
Las sinn coinnlean o hì  
'S chuir sinn  
combaist air dòigh

Sèist

Rann 3

Seachad Àros o hì  
Bha i gàbhaidh o hò  
'N fhairge làidir o hì  
Suas gu barr  
a' chroinn-sgòid

Sèist

Rann 4

Suas a h-aodach o hì  
Ri croinn chaola o hò  
Snàmh cho aotrom o hì  
Ris an fhaoilinn  
air lòn.

Sèist

**Rann 5**  
**Fhuair sinn fosgladh o hì**  
**Ma ceann toisich o hò**  
**Fear ga taomadh o hì**  
**'S gillean coltach**  
**air bòrd.**

**Sèist x2**